

Cuairt an t-amadain?



Feuch is theirig gu na mullaichean àrda as t-samhradh, agus 's dòcha gum faigh thu lorg air fear dhe na h-eòin as annasaiche a th' againn an Alba, mar a tha Anndra Douse – bhon sgioba ghnè aig SNH – a' mìneachadh an seo.

Gu tric, 's ann a tha coltas gu math bàn aig mullach bheanntan Alba, gun nì sam bith beò orra cha mhòr, le fearann mòr de thalamh bàn air a dhèanamh breac le còinneach is le feur bho bhuidh mhòir na gaoithe. Chan fhaiceas ach glè bheag de bheathaicheann ann, leithid iolaire uaireanan ag itealaich gu h-àrd, corra fhitheach no snathagan beaga, tapaidh.

Tha eòin sònraichte ann air a bheil an àrainneachd seo gu mòr a' freagairt. 'S iad an tàrmachan, eun an t-sneachda is an t-amadan mòintich na eòin as fheàrr aig a bheil fios againn mu dheidhinn, le coisichean a' cur fàilte mhòr orra agus iad gam faicinn – gun mòran eile ri fhaicinn fad latha sna beanntan.

Is an t-amadan-mòintich am fear as iongantach dhe na h-eòin seo, le dòigh ginntinn aca a tha gu math diofraichte ri dòighean eun eile. Tha na h-inbhich a' cur seachad a' gheamhraidh an Afraga – ann am Morocco; a rèir nam beagan eun a lorgadh an seo le fàinneachan orra – agus iad a' falbh gu tuath a-rithist as t-earrach.

'S ann rè an turais seo gu tuath a thèid na h-eòin fhaicinn air beanntan Bhreatainn aig na h-aon làraichean aca. Chan eil na buidhnean eòin seo – ris an canar 'trips' sa Bheurla – ach air slighe a dh'àite eile, ach fanaidh cuid dhe na

h-eòin seo an Alba airson briodadh a dhèanamh. 'S ann air mullaichean àrda na h-Alba as t-samhradh a-mhàin a chithear an t-amadan-mòintich. Tha an cuid as motha aca air talamh morghanach còmhnard a' Mhonaidh Ruaidh air neo air mullaichean àrda gu an iar is an iar-thuath. Tha an fheadhainn bhoireannta a' falbh aon uair is gu bheil iad air iseanan a bhreith agus iad a' dol a dh'àite eile a lorg cèile ùr, a' dèanamh seo uaireanan suas gu còig tursan le diofar fhìreannach. Tha cuid dhe na h-eòin seo a' falbh nas fhaide tuath gu Nirribhidh, le cuid eile aca a' fuireach an Alba ach am faigh iad eòin eile aig nach eil cèile fhathast.

Gu h-annasach, tha an fheadhainn bhoireannta nas soilleire nan dath nan fheadhainn fhìreannta, a' dearbhadh a' chaochlaidh a tha a' tighinn air eòin agus iad ag àraich nan òige. Tha mòran dhen obair ann an àraich agus togail nan iseanan ga dèanamh leis na fireannaich, le eòin ri fhaicinn san Ògmhios le iseanan beaga aca, eòin fhìreannta an cuid as motha aca.

Ged a tha an t-amadan-mòintich fireannta a' cumail blàths ris na h-uighean, faodadh gun tèid am fàgail airson eadar dà uair is deich uairean a thide, ann an aimsir cho fuar ri 0°C, agus iad a' lorg biadh. An 2000, fhuair eadh a-mach le luchd-rannsachaidh Albannach gum breith na h-uighean seo ged a bhiodh iad air a dhol cho fuar seo (rud nach robhas idir a' saoilinn roimhe) 's ged a tha na

h-uighean seo a' toirt ùine nas fhaide a bhreith.

A dh'aindheoin is gur e fear dhe na h-eòin as eireachdail againn, chan eil an t-ainm aige a' cur mòran meas air, a bharrachd air an ainm Ghàidhlig, tha an t-ainm Beurla 'dotterel' agus an t-ainm Laidinn leis an aon seòrsa ciall gòrach aca. Thathas a' saoilinn gu bheil an t-ainm a' tighinn bho dhòigh earbsach an eòin, agus e cho furasta a ghlacadh.

Rinneadh tuairmse an 1999 gun robh 630 fireannach briodaich an Alba, ach faodaidh gu bheil am figear seo nas lugha a-nise agus àireamh nan eun a' tuiteam. Chan eil e idir follaiseach dè cho farsaing agus a tha an lùghdachadh seo, air neo dè as coireach ris. Tha SNH ag obair ann am com-pàirteachas leis an RSPB a chum rannsachadh ùr a chur an gnìomh – rannsachadh air a bheil cruaidh fheum - a' tarraing air an obair a rinneadh le SNH bho chionn iomadh bhliadhna air ais.

Tha a h-uile coltas ann gur iad na h-àrainnean sna beanntan cuid dhe na h-àrainnean as motha air a bheil atharrachadh side a' toirt buaidh, agus faodaidh gu bheil an lùghdachadh a' comharrachadh an atharrachaidh seo le samhraidhean a' fàs nas blàithe. Ge bith dè a tha air cùl a' ghnòthaich dhuilich seo, bu chòir don chrionadh am measg fear dhe na h-eòin as àraidh againn a bhith na dhragh mòr dhuinne. Nan cailleadh sinn an gairm brònach agus an t-iteach greadhnach aige gu lèir bho na mullaichean bhiodh seo na cùis dhuilich dhà-riribh.

Tha an t-amadan-mòintich a' neadachadh an lagann air talamh bàn le eadar dà is ceithir uighean aca. 'S iad na fireannaich as motha a tha a' cumail blàths ris na h-uighean is e cuideachd ag àraich nan iseanan.

